

# COR NA GÀIDHLIG ANN AN SIABOST

Barail agus Comas Cànanin ann an Siabost

Siabost bho Thuath

Pairc Shiaboist



SABHAL  
MÒR OSTAIG

Tha sinne aig Bòrd na Gàidhlig, agus an luchd-rannsachaidh aig Sabhal Mòr Ostaig, gu mòr ag iarraidh a bhith an sàs ann am planaichean sam bith a nì a' choimhearsnachd airson leasachadh na Gàidhlig, agus cuiridh sinn fàilte air ceistean mun rannsachadh agus mu chothroman a bhith a' leasachadh na Gàidhlig ann an Siabost.

Bòrd na Gàidhlig  
Darach  
Fèith nan Clach  
Inbhir Nis IV2 7PA  
Fòn: 01463-225454

Dr Gillian Munro, Dr Tim Armstrong & Iain Mac an Tàilleir  
Sabhal Mòr Ostaig  
An Teanga  
An t-Eilean Sgitheanach IV44 8RQ  
Fòn: 01471-888-000

**THA A' GHÀIDHLIG<sup>7</sup>  
ANN AN SIABOST  
A' BÀSACHADH  
MAR CHÀNAN  
COIMHEARSNACHD.  
ACH GABHAIDH  
A SÀBHALADH IS  
DHÈANADH SIBH  
FHÈIN DIOFAR.<sub>7</sub>**

# GEÀRR-CHUNNTAS

## 'S IAD NA PUINGEAN AS CUDROMAICHE SAN AITHISG SEO:

1

Tha pailteas is beairteas Gàidhlig ann an Siabost, le àireamh àrd às a' cheud de dh'fhileantaich. Agus tha mòran deagh ghean dhan Ghàidhlig san sgìre.

2

Ach tha a' Ghàidhlig gus a dhol fodha an-dràsta fhèin ann an Siabost, air sgàth cion cleachdaidh.

3

Tha an latha nuair a thogadh clann leis a' Ghàidhlig – 'tar-chur cànanain' no 'intergenerational transmission' – an ìre mhath seachad ann an Siabost.

Chan eil fileantaich a' cleachdadh na Gàidhlig tric gu leòr sa choimhearsnachd gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig aig an òigridh no an teaghlach is nàbaidhean.

Tha a' Ghàidhlig ann an Siabost a' tuiteam às a chèile, agus ma dh'fhaoidte gum bi i marbh taobh a-staigh ginealaich no dhà.

4

Tha clann ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig nas dualtaiche Gàidhlig a bhruidhinn aig an taigh agus sa choimhearsnachd na tha clann ann am Foghlam tro Mheadhan na Beurla. Feumaidh foghlam dà-chànanach a bhith aig gach pàiste ma tha a' Ghàidhlig gu bhith beò mar chànan coimhearsnachd.

5

Gabhaidh a' Ghàidhlig ann an Siabost sàbhaladh, le bhith a' brosnachadh agus a' cur air dòigh taic, gus am bi a h-uile duine dà-chànanach.

'S urrainn don choimhearsnachd, còmhla ris na buidhnean leasachaidh, a' Ghàidhlig agus cothroman ionnsachaidh a bhrosnachadh le bhith: a' cur cuideam air foghlam dà-chànanach dhan a h-uile pàiste; a' cur chlasaichean Gàidhlig air dòigh do luchd-ionnsachaidh le diofar fheumalachdan agus do dh'fhileantaich a dh'fheumas taic; a' ceangal na Gàidhlig ri beatha sòisealta is eaconomaigeach na sgìre; agus le teaghlacha agus nàbaidhean a' brosnachadh a chèile gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig bho latha gu latha.

## RO-RÀDH

'S e a tha san aithisg seo ach gearr-iomradh air cuid de na co-dhùnaidhean bho phròiseact rannsachaidh - *Barail agus Comas Cànanain* (2010) - a rinneadh ann an Siabost eadar 2009-10. Anns a' phròiseact rannsachaidh, rinneadh sgrùdadh air:

- ✘ **comasan sa Ghàidhlig** (a thaobh bruidhinn, tuigsinn, leughaidh, sgrìobhaidh)
- ✘ **cleachdadh na Gàidhlig bho latha gu latha ann an Siabost** (san dachaigh agus sa choimhearsnachd)
- ✘ **beachdan muinntir Shiaboist air a' Ghàidhlig.**

Dh'iarr Bòrd na Gàidhlig air sgioba aig Sabhal Mòr Ostaig an rannsachadh a ghabhail os làimh. Chaidh an rannsachadh ann an Siabost a stiùireadh le Dr Gillian Rothach aig Sabhal Mòr Ostaig<sup>①</sup>. B' e amas an rannsachaidh sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air comas, barail agus cleachdadh cànanain ann an coimhearsnachd, anns na h-Eileanan Siar, anns a bheil 'comas sa Ghàidhlig aig a' mhòr-chuid'. Air ar stiùireadh le eòlaichean sna h-Eileanan, chaidh Siabost a thaghadh mar aon de na coimhearsnachdan as làidire sna h-Eileanan a thaobh bruidhinn na Gàidhlig agus mar choimhearsnachd far a bheil comas sa Ghàidhlig aig a' mhòr-chuid. Tha na toraidhean à Siabost, mar sin, mar chomharra air neart na Gàidhlig sna h-Eileanan an-diugh. Agus bidh mar a thèid an aithisg seo a chleachdadh na chomharra air miann dhaoine - luchd na Gàidhlig ann an Siabost agus sna buidhnean leasachaidh – air a' Ghàidhlig a leasachadh.

Tha sinn, leis an aithisg bhig seo, airson an rannsachadh a thoirt air ais do mhuinntir Shiaboist, mar thaing airson cho taiceil 's a bha daoine dhan rannsachadh. Cuideachd, thathas an dòchas gun leugh sibh, a leughadair, an aithisg shlàn. A bharrachd air seo, thathas an dòchas gun toir na toraidhean spionnadh do mhuinntir Shiaboist agus dha na buidhnean leasachaidh, barrachd a dhèanamh gus a' Ghàidhlig a chumail beò ann an Siabost.

Rinn sinn cunntas slàn den a h-uile taigh ann an Siabost. Thadhail ceathrar luchd-tadhail dhachannan air na taighean le ceisteachain do gach dachaigh agus do gach inbheach agus pàiste san dachaigh. Fhuair eadhon àireamh de fhreagairtean a bha iongantach àrd (faicibh Co-dhùnadh 1). Rinneadh 14 agallamhan gus tuigse na b' fheàrr fhaighinn air eachdraidh agus staid na Gàidhlig san sgìre. Nochd na toraidhean ann an aithisg mhòr, *Barail agus Comas Cànanain* (2010), a gheibhear air làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig agus ann an oifis a' phuist, san sgoil agus ann an Ionad na Seann Sgoil ann an Siabost.

Tha Bòrd na Gàidhlig agus an sgioba rannsachaidh gu mòr an comain muinntir Shiaboist agus luchd-obrach nam buidhnean airson an cuid taice. Tha sinn an dòchas nach e dìreach gum bi an rannsachadh inntinneach, ach gum bi e feumail airson dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig aig an ath ghinealach ann an Siabost.

①

Ged is i Dr Gillian Rothach a rinn an rannsachadh ann an Siabost, thug co-obraichean tòrr taic dhi le comhairle air cruth nan ceisteachan agus air dreachan den aithisg is den gheàrr-chunntas seo, agus ghabh iad pàirt ann an deasbadan mu na tha na toraidhean rannsachaidh a' ciallachadh. 'S iad an luchd-rannsachaidh eile: Iain Mac an Tàilleir, Dr Timothy C. Armstrong, Dr Mike Cormack (uile aig SMO) agus, aig toiseach a' phròiseict, Dr Marsaili NicLeòid (Colaiste Àiteachais na h-Alba). Rinn Brian MacDonald aig Lèirsinn, SMO, na figearan, clàir is bùird de dh'fhiosrachadh às dèidh dha na toraidhean bho na ceisteachain a bhiathadh a-steach a phrògram coimpiutair, Statistical Package for the Social Sciences. Thug Maria Russell taic le bhith ag obair le na ceisteachain agus SPSS. Bha an sgioba de luchd-tadhail dhachannan uabhasach cudromach dhan phròiseact. B' iad: Màiri Nic a' Ghobhainn, Colin George Moireasdan, Anne Marvin agus Innes MacSuain.

## GEÀRR-CHUNNTAS AIR TORAIDHEAN AN RANNSACHAIDH

### CO-DHÙNADH 1

Tha beairteas Gàidhlig agus miann mòr ann an Siabost air a' Ghàidhlig a ghlèidheadh

#### 1.1: A bheil ùidh aig daoine ann an Siabost sa Ghàidhlig?

Chaidh iarraidh air a h-uile duine ann an Siabost pàirt a ghabhail san rannsachadh. Fhuair eadhon àireamh iongantach de fhreagairtean: faicibh an colbh mu dheireadh ann an Clàr 1.

Clàr 1: Àireamh de fhreagairtean bho na ceisteachain

	Àireamh de fhreagairtean a fhuair eadhon	Àireamh iomlan a b' urrainn faighinn (gun taighean-samhraidh)	Na thilleadh de na ceisteachain (%)
Ceisteachan A (an dachaigh)	160	161	99%
Ceisteachan B (inbhich)	254	308	82%
Ceisteachan C (clann)	45	68	66%

#### 1.2: Dè cho fileanta sa Ghàidhlig 's a tha daoine ann an Siabost?

Chaidh iarraidh air na h-inbhich fèin-mheasadh a dhèanamh orra fhèin a thaobh fileantachd sa Ghàidhlig ann am bruidhinn, tuigsinn, leughadh is sgrìobhadh.

- > Tha 66% de dh'inbhich ann an Siabost fileanta anns a' Ghàidhlig.

#### 1.3: A bheil dragh aig daoine tuilleadh mun Ghàidhlig mar phàirt dhen fhèin-aithne aca sna h-Eileanan Siar?

Dh'aontaich cha mhòr naoinear às gach deichnear gu bheil a' Ghàidhlig aig cridhe an fhèin-aithne aca.

- > Dh'aontaich 88.7% de dh'inbhich ris a' bheachd: 'Gus am fhèin-aithne a ghlèidheil, feumaidh na h-Eileanan luchd na Gàidhlig'.

#### 1.4: A bheil e gu diofar mura bruidhinn a' chlann a' Ghàidhlig?

Dh'aontaich cha mhòr ochdnar às gach deichnear gu bheil e riatanach gun ionnsaich clann sna h-Eileanan a' Ghàidhlig.

- > Dh'aontaich 77.8% de dh'inbhich ris a' bheachd: 'Tha e deatamach gun ionnsaich clann sna h-Eileanan a' Ghàidhlig'.

**CO-DHÙNADH:** Tha fileantachd sa Ghàidhlig glè àrd, agus tha muinntir Shiaboist glè thaiseil dhan Ghàidhlig agus ag iarraidh a ghlèidheadh.


## CO-DHÙNADH 2

Tha a' Ghàidhlig, mar chànan coimhearsnachd ann an Siabost, gus a dhol fodha an-dràsta fhèin

### 2.1: Dè cho fileanta 's a tha muinntir Shiaboist?

Tha Clàr 2 gu h-ìosal a' dèanamh coimeas eadar buidhnean aoise agus fileantachd is neo-fhileantachd sna buidhnean aoise sin.

Clàr 2: Coimeas eadar aois agus fileantachd an luchd-fhreagairt



**2.1.1.** Tha Clàr 2 a' sealltainn gu bheil **66% de dh' inbhich fileanta sa Ghàidhlig**. Ach, tha fileantachd sa Ghàidhlig fada nas cumanta am measg dhaoine a tha 50+. Tha Clàr 2 a' sealltainn gu bheil gluasad cànan, bho fhileantachd sa Ghàidhlig gu fileantachd sa Bheurla, air fàs gu mòr thar an leth-cheud no dà fhichead bliadhna mu dheireadh, agus gu bheil am pàtran seo, a dh'ionnsaigh na Beurla, a' sìor-fhàs.

Tha na fileantaich sa Ghàidhlig – daoine nas sine – fìor chudromach ann an ath-bheothachadh na Gàidhlig ann an Siabost, oir tha iad comasach air a' Ghàidhlig a thoirt do dhaoine eile le bhith ga bruidhinn agus ga brosnachadh am measg dhaoine nas òige na iad fhèin.

**2.1.2.** Rinneadh sgrùdadh air fileantachd ann an tuigsinn, sgrìobhadh is leughadh na Gàidhlig, agus fhuair eadhon a-mach gu bheil, de na h-inbhich, **73% comasach air Gàidhlig a thuigsinn gu fileanta, 64% fileanta ann an leughadh na Gàidhlig, agus 21% comasach air a' Ghàidhlig a sgrìobhadh gu fileanta**. San fharsaingeachd, tha mòran fhileantach inbheach ann an Siabost a' urrainn clann agus pàrantan cloinne a chuideachadh le bhith a' fàs fileanta cuideachd.

**2.1.3.** A thaobh cloinne fo 16 bliadhna a dh'aois, tha Clàr 2 a' sealltainn nach eil mòran den òigridh fileanta: tha (cha mhòr) **aon phàiste às gach ceathrar fileanta ann am bruidhinn, agus tha aon phàiste eile às gach còignear comasach air a' Ghàidhlig a bhruidhinn gu fileanta air a' mhòr-chuid de chuspairean**.


Tha na toraidhean airson tuigsinn, leughadh agus sgrìobhadh na Gàidhlig a' sealltainn gu bheil **aon phàiste às gach trìuir comasach air a' Ghàidhlig a thuigsinn gu fileanta, chan eil ach aon phàiste às gach deichnear comasach air a' Ghàidhlig a leughadh gu fileanta** (ach bha cuid den chloinn seo ro òg airson a bhith a' leughadh co-dhiù), agus bha **aon phàiste às gach ceathrar comasach air a' Ghàidhlig a sgrìobhadh**.

## 2.2: An e daoine a' gluasad a-steach as coireach gu bheil fileantachd sa Ghàidhlig a' dol sìos?

Tha Clàr 3 a' sealltainn gum buin 84% ann an Siabost do Shiabost no sgìrean eile sna h-Eileanan Siar (a' mhòr-chuid dhiubh do Leòdhas fhèin). Bha am pàtran seo fiù 's na bu làidire a thaobh pàrantan an luchd-fhreagairt. Mar sin, chan e daoine a' gluasad a-steach as coireach gu bheil a' Bheurla a' fàs nas bitheanta.

Clàr 3: Àite-togail

Luchd-freagairt: àite-togail. Àireamh = 230



### Àite-togail agus àireamh dhaoine:

Siabost	137
An còrr de Na h-Eileanan Siar	56
An còrr de dh' Alba	24
Sasainn	11
Eile (Èirinn a Tuath, A' Ghearmailt)	2
<b>Total</b>	<b>230</b>

### 2.3 Dè am prìomh chànan san dachaigh?

Sna dachaighean as motha agus as òige, is i a' Bheurla an cànan a thathas a' bruidhinn, a' mhòr-chuid den ùine no fad na h-ùine.

Mar a tha Clàr 4 a' sealltainn gu h-ìseal 's i a' Ghàidhlig as treasa ann an dachaighean le aon duine no dithis, far a bheil a' mhòr-chuid de dhaoine aig aois 50+.

Clàr 4: Prìomh chànan an dachaigh agus àireamh de dhaoine anns gach taigh

Cànan	Aonar san taigh	Dithis san taigh	Triùir san taigh	Ceathrar san taigh	Còignear san taigh	Sianar san taigh	Iomlan
Àireamh de dhachaighean							
Gàidhlig a-mhàin	24	23	3	0	0	0	50
Gàidhlig mar as trice	15	10	6	2	2	1	36
Gàidhlig is Beurla co-ionnan	1	4	3	4	2	1	15
Beurla mar as trice	0	10	7	1	4	1	23
Beurla a-mhàin	6	10	5	2	3	1	27
<b>Iomlan</b>	<b>46</b>	<b>57</b>	<b>24</b>	<b>9</b>	<b>11</b>	<b>4</b>	<b>151</b>

### 2.4. A bheil duine sam bith ag ionnsachadh na Gàidhlig?

Cha tuirt ach aon duine às gach deichnear gu bheil iad ag ionnsachadh na Gàidhlig.

Den fheadhainn a ghluais a Shiabost anns na deich bliadhnaichean mu dheireadh, fhreagair an dàrna leth gun do thòisich iad air Gàidhlig ionnsachadh. Bha iad taiceil don Ghàidhlig anns an rannsachadh air beachdan air a' Ghàidhlig. Tha na toraidhean seo a' sealltainn gun gabh in-imrichean brosnachadh gus a' Ghàidhlig ionnsachadh 's a chleachdadh sa choimhearsnachd.

Chaidh faighneachd dè ghabhadh dèanamh ann an Siabost gus a' Ghàidhlig a bhrosnachadh. Fhreagair daoine gum biodh na leanas feumail: cothroman ionnsachaidh a rèir feumalachdan diofar bhuidhnean; clasaichean do phàrantan agus luchd-ionnsachaidh; agus ceanglaichean nas làidire eadar fileantaich agus luchd-ionnsachaidh.

### 2.5. Dè tha a' tachairt don chànan sa choimhearsnachd ann an Siabost?

“Bho chionn dusan bliadhna, bhithinnsa a' cumail a h-uile coinneamh [ann an Gàidhlig], ach chan eil gin a choinneamhan air an cumail ann an Gàidhlig an-diugh”.

**“Well, 's e an duilgheadas a th' ann an-dràsta, chan urrainn dhuinn coinneamh a chumail ann an Gàidhlig ann an Siabost, ri linn is nach eil daoine na Beurla a' tuigs'...”**

'S i a' Bheurla am prìomh chànan aig coinneamhan is tachartasan. 'S e as coireach, tha dùil aig daoine gur e dìreach na daoine a tha dà-chànanach a dh'fheumas a bhith comasach ann an dà chànan; tha dùil aca fhèin, agus tha dùil ann gum bi iad a' cleachdadh a' mhòr-chànain, an cànan a th' aig a' mhòr-chuid, mar a tha na cuotaichean gu h-àrd a' sealltainn.

'S e 'Dà-chànanachas Aon-taobhach' a chanar ris a seo, far a bheil mòr-chànan, mar a' Bheurla, a' gabhail thairis air mion-chànan - cànan nas laige - mar a' Ghàidhlig. Gabhaidh seo atharrachadh le bhith a' cur cuideam air gach duine sa choimhearsnachd a bhrosnachadh gu bhith dà-chànanach: leanadh seo gu 'dà-chànanas coitcheann', nuair a bhiodh a h-uile duine dà-chànanach (faicibh am Faclair).

## 2.6. A bheillear a' cleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean eile sa choimhearsnachd?

Ged a tha 66% fileanta sa Ghàidhlig, agus tha uiread de Ghàidhlig aig daoine eile, tha muinntir Shiaboist a' taghadh a bhith a' cleachdadh na Beurla anns cha mhòr gach suidheachadh sa choimhearsnachd – chithear seo ann an Clàr 5, gu h-ìseal. Tha Clàr 5 a' dèanamh coimeas eadar far a bheil fileantaich agus daoine nach eil fileanta a' cleachdadh an cuid Gàidhlig. Ghabhadh a' Ghàidhlig agus dà-chànanas brosnachadh ann an suidheachaidhean mar seo.

**CO-DHÙNADH:** Ged a tha fileantachd sa Ghàidhlig àrd, 'is ann gu h-àraid am measg dhaoine aois 50+ a tha seo. Tha cleachdadh san dachaigh agus gu sòisealta air tuiteam gu mòr.

Clàr 5: Na cànanan a chleachdas fileantaich agus neo-fhileantaich ann an diofar shuidheachaidhean ann an Siabost

CEUDAD: CÀNANAN AIR AN CLEACHDADH LE FILEANTAICH AGUS NEO-FHILEANTAICH												
SUIDHEACHAIDHEAN	Beurla a-mhàin		Beurla mar as trice		Na dhà co-ionnan		Gàidhlig mar as trice		Gàidhlig a-mhàin		Àireamh iomlan	
	FIL	NEO-FHIL	FIL	NEO-FHIL	FIL	NEO-FHIL	FIL	NEO-FHIL	FIL	NEO-FHIL	FIL	NEO-FHIL
Aig Club Gàirnealaireachd		40		40	10	20	40		50		10	5
Aig Clann an Là An-Dè		67	4	33	7		46		43		28	3
Aig an fhaing		20		40	15	40	60		25		40	5
Rì èildearan	1	40	5	52	14	8	51		29		120	25
Aig a' Chomann Eachdraidh		50		25	27	25	43		30		37	4
Rì nàbaidhean	4	55	2	38	24	6	47	1	23		133	69
Ris a' mhinistear	6	41	7	56	19	4	46		23		123	27
A' fòndadh chun an teaghlach	2	70	13	20	27	7	38	2	21	2	117	56
Thusa is inbhich eile aig an taigh	8	73	8	22	24	3	35		26	2	92	59
Rì buill a' choitheanail	1	40	2	56	33	4	49		13		120	25
Thu fhèin + cèile	10	68	13	28	19	4	39		18		99	57
Rì ceannard na sgoile		61	12	26	32	13	40		16		25	23
Cèile is clann	8	52	24	27	26	18	31		12	3	51	33
Seann-phàrant is clann	11	50	19	22	36	19	23	3	11	6	64	36
Rì tidsearan na sgoile		64	23	16	39	20	31		8		26	25
Rì luchd-ceannach sa Phost-oifis	3	66	8	24	54	9	29	2	7		118	59
Thu fhèin + clann	8	63	22	30	32	7	25		13		63	46
Rì luchd-ceannaich Butt View Str.	2	68	5	28	57	4	27		9		44	25
Rì clann a' Chròileagain	18	57	9	14	55	14	18	14			11	7
Rì nursaichean an ionaid-shlàinte	11	75	23	21	34	5	23		9		133	63
Rì euslaintich an ionaid-shlàinte		67	8	24	60	9	28		4		128	58
Rì buill Comhairle na Coimhearsnachd	9	60	9	40	55		27				11	5
Rì luchd-obrach a' chròileagain		33	10	33	80	17	10	17			10	6
Rì neach-taice dachaigh		50		25	73	25	9		18		11	4

Clàr 5 (dàrna pàirt): Na cànanan a chleachdas fileantaich agus neo-fhileantaich ann an diofar shuidheachaidhean ann an Siabost

CEUDAD: CÀNANAN AIR AN CLEACHDADH LE FILEANTAICH AGUS NEO-FHILEANTAICH												
SUIDHEACHAIDHEAN	Beurla a-mhàin		Beurla mar as trice		Na dhà co-ionnan		Gàidhlig mar as trice		Gàidhlig a-mhàin		Àireamh iomlan	
	FIL	NEO-FHIL	FIL	NEO-FHIL	FIL	NEO-FHIL	FIL	NEO-FHIL	FIL	NEO-FHIL	FIL	NEO-FHIL
Ri luchd-obrach Butt View Stores	20	88	11	8	49	4	9		11		45	25
Aig Comataidh Ionaltraidh	12	83	24	17	44		16		4		25	6
Ri manaidsèar aig an obair	48	84	13	11	26		11	3	2	3	54	38
Ri luchd-obrach a' Phost-oifis	19	79	37	16	29	3	12		3	1	127	62
Ri luchd-taice na sgoile	5	65	32	29	47	6	16				19	17
Clann nam measg fhèin	19	63	34	27	32	10	11		4		53	30
Ri ur manaidsèar	44	86	25	7	19	4	11	4			36	28
Ri luchd-cleachdaidh Inn Between	6	86	18	9	61	5	15				33	22
Ri neach-taice teagaisg san sgoil	18	68	31	16	38	16	13				16	19
Aig Horshader CDC	5	73	65	20	20	7	10				20	15
Ri luchd-obrach fodhad fhèin	40	81	30	13	20	6	10				10	16
Ri luchd-fàilte an ionaid-shlàinte	32	84	32	13	27	3	6		3		133	63
Ri co-luchd-obrach	14	67	29	23	52	8	5	3			63	39
Ri pàrantan sgoile		65	27	22	65	13	8				26	23
Ri òigridh a' Chlub Òigridh	7	67	60	33	27		7				15	9
Ri luchd-obrach an Inn	65	92	18	4	12	4	6				34	24
Ri luchd-cuideachaidh Club Òigridh		70	38	30	56		6				16	10
Ri clann aig an sgoil	21	76	25	16	50	8	4				24	25
Ri dotair an ionaid-shlàinte	73	92	18	6	8	2			1		131	63
Ri luchd-cleachdaidh aig an obair	17	55	26	38	57	7					35	29
Aig Dannsadh Albannach		50		38	100	13					4	8
Ri pàrantan a' Chròileagain		50	22	25	78	25					9	8
Ri òstairean an Inn	92	100	5		3						39	23
Aig Bòrd na Sgoile	11	86	33		56	14					9	7

nòta: tha figearan a' riochdachadh cheudadan

nòta: tha bocsaichean bàna a' riochdachadh neoni

## CO-DHÙNADH 3

# Tha tar-chur na Gàidhlig eadar na ginealaichean briste ann an Siabost

### 3.1. Cò mheud pàrant a bhruidhneas a' Ghàidhlig ri an cuid cloinne?

Ged a tha 66% de dh'inbhich fileanta sa Ghàidhlig, ann an Siabost an-diugh:

**Chan eil ach aon phàrant às gach còignear a' cleachdadh na Gàidhlig mar as trice no a-mhàin ri an cuid cloinne.**

Tha an rannsachadh a' sealltainn gu bheil **62% de na pàrantan a' cleachdadh Beurla** a-mhàin no mar as trice le an cuid cloinne; agus gu bheil 74% den chloinn a' cleachdadh Beurla a-mhàin no mar as trice nuair a bhruidhneas iad ri am pàrantan. Tha seo ri fhaicinn ann an Clàran 6 agus 7.

Tha an rannsachadh a' sealltainn: far an do thogadh pàrant òg **le Beurla is Gàidhlig gam bruidhinn chun na h-aon ìre** san dachaigh, gun robh iad fhèin mar phàrantan buailteach **Beurla a-mhàin no mar as trice** a bhruidhinn ri an cuid cloinne; agus bha **triùir às gach ceathrar** de na pàrantan seo air an cuid cloinne a chur gu **Foghlam tro Mheadhan na Beurla**.

Ach, de na pàrantan òga a thogadh le **Gàidhlig a-mhàin no mar bu trice ga bruidhinn san dachaigh, bha iad glè bhualteach Gàidhlig a-mhàin no mar as trice a bhruidhinn ri an cuid cloinne**. Chuir cha mhòr a h-uile pàrant dhiubh seo an cuid cloinne gu **Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig**.

Tha an rannsachadh seo a' moladh gum bu chòir pàrantan a bhrosnachadh gu mòr gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin no mar as trice san dachaigh le an cuid cloinne, gus am bi cothrom aig a' chloinn fàs fileanta.

Clàr 6: Na Cànanan a bhruidhneas pàrantan ris a' chloinn

Clann: Cànana air a bhruidhinn RIS a' phàiste le pàrant	leis a' Mhàthair		leis an Athair	
	Àireamh	%	Àireamh	%
Gàidhlig a-mhàin	4	8.9	1	2.4
Gàidhlig mar as trice	8	17.8	5	11.9
Gàidhlig is Beurla co-ionnan	6	13.3	9	21.4
Beurla mar as trice	11	24.4	11	26.2
Beurla a-mhàin	16	35.6	16	38.1
<b>Iomlan</b>	<b>45</b>	<b>100.0</b>	<b>42</b>	<b>100.0</b>

Clàr 7: Na cànanan a bhruidhneas a' chlann ri am pàrantan

Clann: Cànana air a bhruidhinn LEIS a' phàiste ri pàrant	leis a' Mhàthair		leis an Athair	
	Àireamh	%	Àireamh	%
Gàidhlig a-mhàin	0	0	0	0
Gàidhlig mar as trice	5	11.6	3	7.7
Gàidhlig is Beurla co-ionnan	6	14.0	7	17.9
Beurla mar as trice	13	30.2	10	25.6
Beurla a-mhàin	19	44.2	19	48.7
<b>Iomlan</b>	<b>43</b>	<b>100.0</b>	<b>39</b>	<b>100.0</b>

**CO-DHÙNADH:** Tha an rannsachadh a' sealltainn gu bheil a' mhòr-chuid de phàrantan agus den chloinn a' taghadh na Beurla a-mhàin no mar as trice nuair a bhios iad a' conaltradh ri chèile. Tha an rannsachadh a' cur air adhart gum bu chòir a bhith a' brosnachadh phàrantan a bhith a' cleachdadh Gàidhlig a-mhàin no mar as trice san dachaigh le an cuid cloinne, gus am bi cothrom aig a' chloinn a bhith fileanta sa Ghàidhlig.

### 3.2. Dè na cànanan a bhruidhneas peathraichean is bràithrean ri chèile?

Tha an rannsachadh a’ sealltainn gum bi 34 a-mach à 39 duine-cloinne (87%) san t-sampall a’ bruidhinn Beurla a-mhàin no mar as trice ri chèile. Tha còignear cloinne (13%) a’ cleachdadh Beurla is Gàidhlig chun na h-aon ìre le chèile, ach **chan eil clann idir ann** a tha a’ cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin le piuthar/bràthair.

Tha e soilleir gu bheil a’ Bheurla a’ dol na prìomh chànan aig a h-uile pàiste ann an Siabost.

### 3.3. Dè na cànanan a bhruidhneas seann-phàrantan agus clann ri chèile?

Tha **mu leth nan seann-phàrantan a’ bruidhinn ri an clann ann am Beurla a-mhàin no mar as trice**, ged ’s iad an ginealach as fhileanta sa Ghàidhlig agus as comasaiche air a’ Ghàidhlig a thoirt dhan chloinn.

Clàr 8: Na cànanan a bhruidhneas seann-phàrantan ri clann

Clann: Cànanan a bhruidhneas seann-phàrantan ri clann	Athair na Màthar		Màthair na Màthar		Athair an Athar		Màthair an Athar	
	Àir.	%	Àir.	%	Àir.	%	Àir.	%
Gàidhlig a-mhàin	5	12.5	5	12.2	3	8.1	1	2.4
Gàidhlig mar as trice	5	12.5	4	9.8	6	16.2	10	24.4
Gàidhlig is Beurla co-ionnan	8	20.0	12	29.3	7	18.9	8	19.5
Beurla mar as trice	6	15.0	5	12.2	7	18.9	7	17.1
Beurla a-mhàin	15	37.5	15	36.6	14	37.8	15	36.6
Eile	1	2.5	0	0	0	0	0	0
<b>Iomlan</b>	<b>40</b>	<b>100.0</b>	<b>41</b>	<b>100.0</b>	<b>37</b>	<b>100.0</b>	<b>41</b>	<b>100.0</b>

Tha e soilleir gu bheil tar-chur cànan eadar na ginealaichean cha mhòr air tighinn gu crìch ann an Siabost, ged a tha 66% de dh’inbhich fileanta agus ged a b’ urrainn dhaibh cuideachadh a thoirt do phàrantan mar an tè/fhear seo, a dh’iarradh na leanas:

“... taic cheart gu pàrantan òga. Tha e aonaranach a bhith nad phàrant a’ feuchainn ri bhith a’ toirt Gàidhlig dhan chloinn. Mar a nì thu seo anns an t-saoghal an latha an-diugh – chan eil fhios agam.”

(pàrant òg, Siabost)

Tha modalan ann de thar-chur cànan eadar na ginealaichean a tha a’ sealltainn mar as urrainn do phàrant no seann-phàrant cànan a thoirt do phàiste. Bidh TWF, pròiseact sa Chuimrigh ([www.twfcymru.com](http://www.twfcymru.com)) a’ cleachdadh luchd-tadhail dhachannan a th’ air an trèanadh airson a dhol a-steach a thaighean, agus a bheir seachad taic agus comhairle do theaghlachaichean òga a tha a’ togail clann dà-chànanach. Ged nach biodh a’ Ghàidhlig ach aig aon phàrant no seann-phàrant, gabhaidh clann togail gu dà-chànanach a’ cleachdadh siostam Aon-Phàrant-Aon-Chànan (faicibh am Faclair). Tha tòrr comhairle ri fhaotainn, stèidhichte air rannsachadh eadar-nàiseanta, do phàrantan a tha airson an cuid cloinne a thogail le dà chànan. Le taic bho na buidhnean agus bhon choimhearsnachd, chan eil adhbhar sam bith ann carson a bhiodh pàrantan mar an tè/fhear gu h-àrd cho aonaranach.

## CO-DHÙNADH 4

Tha clann ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig nas dualtaiche a' Ghàidhlig a chleachdadh san dachaigh agus sa choimhearsnachd na tha clann ann am Foghlam tro Mheadhan na Beurla

### 4.1. A bheil pàrantan a' taghadh foghlam dà-chànanach ann an Siabost?

A-mach à 35 duine-cloinne san rannsachadh, bha co-dhiù beagan Gàidhlig aig a h-uile pàiste ach aig dithis, a rèir nam pàrantan, agus bha timcheall air an dàrna leth air a bhith aig a' Chròileagan. Bha aon trian den chloinn aois 4-15 fileanta sa Ghàidhlig.

Ged-thà, bha còrr is an dàrna leth de na pàrantan air Foghlam tro Mheadhan na Beurla a thaghadh dhan chloinn aca (faicibh Clàr 9, gu h-ìseal).

Clàr 9: Clann: Foghlam

Clann: Foghlam	Àireamh (45 daoine ann gu h-iomlan)	%
Cròileagan	21	46.7
Cùram cloinne Beurla	3	6.7
Cùram cloinne Gàidhlig	2	4.4
Cùram cloinne Gàidhlig is Beurla	2	4.4
Bun-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig	16	35.6
Bun-sgoil tro mheadhan na Beurla	18	40.0
Cuspair àrd-sgoile sa Ghàidhlig	2	4.4

NB Dh'fhaodadh luchd-freagairt còrr is aon fhreagairt a thaghadh

Tùs: Clann 0-15

An dùil carson, nuair a tha muinntir Shiaboist cho taiceil don Ghàidhlig a thaobh am beachdan agus nuair a fhreagair iad gu bheilear airson gum bi Gàidhlig aig clann nan Eilean, nach eil barrachd a' taghadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig? Thuirt cuid sna h-agallamhan gur dòcha gu bheil dith misneachd aig pàrantan mura bheil iad fhèin fileanta no misneachail sa Ghàidhlig. **Tha feum air barrachd taic agus comhairle bho fhileantaich agus bho bhuidhnean gus taic a thoirt do pàrantan. Bhiodh poileasaidh dà-chànanais a' cuideachadh gach pàiste le bhith fileanta san dà chànan.**

### 4.2. A bheil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ag uidheamachadh na cloinne gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd?

Tha. Tha Clàr 10 a' sealltainn gu bheil ceangal eadar a bhith a' faighinn Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Siabost agus a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus sa choimhearsnachd. 'S e glè bheag den chloinn ann am Foghlam tro Mheadhan na Beurla a chleachdas an cuid Gàidhlig taobh a-muigh na sgoile.

**CO-DHÙNADH:** 'S e foghlam tro mheadhan na Gàidhlig an taghadh as fheàrr mas e is gu bheil muinntir Shiaboist ag iarraidh barrachd taice a chur ri clann a' bruidhinn na Gàidhlig san dachaigh agus sa choimhearsnachd.

Clàr 10: Clann: Cleachdadh cànan agus foghlam sgoile tron Ghàidhlig/Bheurla

CÀNANAN AIR AN CLEACHDADH LE SGOILEARAN FMG AGUS FMB												
SUIDHEACHAIDHEAN	Beurla a-mhàin		Beurla mar as trice		Na dhà co-ionnan		Gàidhlig mar as trice		Gàidhlig a-mhàin		Àireamh iomlan	
	FMG	FMB	FMG	FMB	FMG	FMB	FMG	FMB	FMG	FMB	FMG	FMB
Rì cèile a' phàrant	5	11	3	5	6		2				16	16
Rì inbhich eile	1	11	5	5	5		5				16	16
Rì clann eile	1	11	4	4	7		2				14	15
Rì seann-phàrantan		7	1	5	6	3	8	1	1		16	16
Rì nàbaidhean	1	10	2	7	9		4				16	17
Rì càirdean eile	1	14	4	3	7		4				16	17
Rì luchd-obrach a' chròileagain		1										1
Rì clann a' chròileagain	1	5		4	3						4	9
Rì pàrantan a' chròileagain		5		3	3						3	8
Rì tidsear sgoile		6	2	6			11		3		16	12
Rì ceannard na sgoile		8	1	5	3		11		1		16	13
Rì neach-taice teagaisg		7	1	4	2		4		2		9	11
Rì luchd-taice sgoile	1	8	3	3	5		6				15	11
Rì clann-sgoile	2	7	6	6	7						15	13
Rì pàrantan sgoile	1	9	2	4	9		2				14	13
Club Òigridh	6	7	5	2	5						16	9
Sgoil Shàbaid	6	3	3	2	5						14	5
Youth Fellowship	2	1		1							2	2
Clubaichean eile	3										3	

nòta: tha figearan a' riochdachadh àireamhan sgoilearan

nòta: tha ceallan bàna a' riochdachadh neoni

nòta: aois 4 gu 15 a-mhàin

nòta: tha FMG a' cunntadh aon phàiste a bha cuideachd ann am FMB

## CO-DHÙNADH 5

### Gabhaidh a' Ghàidhlig sàbhaladh

#### 5.1: An gabh rud sam bith dèanamh? GABHAIDH GU DEARBH.

**“Mar sin, feumaidh an oidhirp a bhith mòr, [...] mar a bh’ ann an Israel nuair a bha an dùthaich ùr ...Thachradh e is ghabhadh e dèanamh”** (fireannach, Siabost)

Gabhaidh cànan sam bith sàbhaladh. Gabhaidh fiù 's cànan marbh ath-bheothachadh. Ann an 1880, cha robh duine beò a b' urrainn Eabhra a bhruidhinn, ach dh'obraich na h-lùdhaich tron fhicheadamh linn air a' chànan agus an-diugh, tha còig millean ann an Israel agus naoi millean san t-saoghal a bhruidhneas i.

Agus 's ann beò a tha a' Ghàidhlig ann an Siabost. Ach ged a tha mòran fhileantach ann agus ged a tha beachdan taiceil aig muinntir Shiabost dhan Ghàidhlig, cha bhi seo gu leòr airson a cumail beò: **feumar a' Ghàidhlig a bhruidhinn san dachaigh agus anns a' choimhearsnachd, ma tha i gu bhith beò na cànan coimhearsnachd.**

#### 5.2. Dè ghabhas dèanamh?

1. Dh'fheumadh daoine a bhith a' brosnachadh **a h-uile duine ann an Siabost gu bhith dà-chànanach.** Gun seo, bidh an suidheachadh ag atharrachadh gus nach bi ann an Siabost ach aon chànan - a' Bheurla.
2. Gheibh daoine gu dà-chànanas le bhith **a' cur iomairtean cànan air chois**, nam measg:
  - ✘ foghlam dà-chànanach coitcheann dhan **a h-uile** pàiste
  - ✘ taic dhan **a h-uile** pàrant is dachaigh a bhith dà-chànanach
  - ✘ barrachd chothroman agus sheòrsachan de chothroman ionnsachaidh, agus taic do dhaoine nach eil fileanta no misneachail gus am fàs iad fileanta
  - ✘ brosnachadh na Gàidhlig san àite-obrach tro chothroman trèanaidh agus tro bhith a' cur luach ann an sgilean sa Ghàidhlig san àite-obrach.
3. Feumaidh na buidhnean a bhith a' co-obrachadh, taobh ri taobh, le muinntir Shiaboist, bho latha gu latha, a' brosnachadh leasachadh na Gàidhlig san dachaigh agus san àite-obrach.
4. Tha daoine bho na buidhnean agus saor-thoilich sa choimhearsnachd a dhìth airson an obair seo a dhèanamh sna dachaighean le pàrantan agus teaghlachan. Thug an ceathrar luchd-tadhail dhachannan agus an neach-rannsachaidh buaidh fiù 's le bhith ag obair ann an Siabost fad beagan sheachdainean. Mar a thuirt aon duine:  
**“Seall an-dràsta, tha ceathrar òigridh agad a' falbh timcheall a' bhaile a tha seo. Tha sin a' toirt ùrachadh do dhaoine mar-thà. Dh'fheumadh iad fhèin agus feadhainn eile a bhith ann fad na h-ùine”.**

Mu dheireadh, tha sinn an dòchas gun toir an geàrr-chunntas seo brosnachadh dhuibh gu bhith **a' leughadh na h-aithisg shlàin**.

Tha an geàrr-chunntas seo sgrìobhte leis an dòchas gum piobraich e còmhradh eadar muinntir Shiaboist agus luchd-leasachaidh mu staid na Gàidhlig ann an Siabost agus mu na ghabhas dèanamh. Le eachdraidh cho fada – 1500 bliadhna – air a cùlaibh, agus le tòrr ann an Siabost an-diugh a tha fileanta, tha fios gun fhiach a' Ghàidhlig spàirn mhòr gus a h-ath-bheothachadh. Tha sinn an dòchas gun cuidich an geàrr-chunntas seo agus an aithisg shlàn muinntir Shiaboist leis a' chiad cheum a th' ann am prògram leasachadh cànan sam bith – faighinn a-mach dè an staid anns a bheil an cànan agus a bheil miann aig daoine cor a' chànan a leasachadh. Mar a sgrìobh na Dauenhauers (1998):

... an open honest assessment of the state of the language and how people really feel about using and preserving it, replacing wishful thinking and denial of reality with an honest evaluation leading to realistic recommendations.

Dauenhauer & Dauenhauer (1998)

---

## TÙSAN

Dauenhauer, Nora Marks & Dauenhauer, Richard (1998) 'Technical, emotional, and ideological issues in reversing language shift: examples from Southeast Alaska', ann an Lenore A. Grenoble & Lindsay J. Whaley (l-deas.) *Endangered Languages: language loss and community response*. Cambridge: Cambridge University Press, 57-98.

Dorian, Nancy C. (1981) *Language Death, the Lifecycle of a Scottish Gaelic Dialect*. Philadelphia: University of Pennsylvania Press.

<http://www.gaidhlig.org.uk/ga/obair-a-bhuird/rannsachadh.html>

[www.twfcymru.com](http://www.twfcymru.com)

# BRIATHRACHAS

## **Tar-chur eadar Ginealaichean** (Intergenerational Transmission)

Tha tar-chur eadar ginealaichean a' ciallachadh gun ionnsaich clann cànan bho phàrantan agus inbhich eile san dachaigh. Tha a' mhòr-chuid dhe na h-eòlaichean aontaichte gu bheil tar-chur eadar ginealaichean aig cridhe cànan coimhearsnachd a tha slàn, fallainn. Nuair a thèid cànan à bith mar chànan choimhearsnachd, 's e tar-chur eadar ginealaichean gu tric an rud a dh'fhàiligeas an toiseach, agus feumar taic a thoirt dha agus feumar a bhrosnachadh, ma tha an cànan gu bhith a' mairsinn mar chànan choimhearsnachd anns an àm ri teachd.

## **Aon-Phàrant-Aon-Chànan** (One-Parent-One-Language)

Tha APAC, neo an siostam Grammont, na dhòigh air a bhith a' togail clann dà-chànanach far am bruidhinn aon phàrant an dàrna cànan agus am pàrant eile an cànan eile ris a' chloinn. Bidh pàrantan a' cleachdadh an t-siostaim seo gu tric nuair nach eil an dàrna cànan aig fear dhe na pàrantan. Mar eisimpleir, nuair nach eil Gàidhlig aig fear dhe na pàrantan, bruidhnidh am pàrant sin Beurla ris a' chloinn, agus bruidhnidh am pàrant eile Gàidhlig. B' urrainn do phàrantan iarraidh air daoine eile san teaghlach (seann-phàrantan, is peathraichean nam pàrantan) gum bruidhinn iadsan Gàidhlig ris a' chloinn cuideachd, gus taic a thoirt do dhà-chànanachas san dachaigh. Tha na h-eòlaichean aontaichte gur e cunbhalachd an rud as cudromaich do shoirbheas an t-siostaim seo, gun tagh gach inbheach cànan agus gum bruidhinn iad an cànan sin a-mhàin ris a' chloinn.

## **Tipping Point**

Nuair a bha Nancy Dorian a' rannsachadh Gàidhlig a bha a' dol à bith ann an coimhearsnachdan air taobh an Ear de dh' Alba, mhothaich i gun do thuit a h-uile rud às a chèile gu math luath aig an deireadh, taobh a-staigh aon ghinealaich, agus chuir i an abairt 'tipping point' air a' phròsas seo. Chunnaic i gur ann tric nach mhothaich luchd-labhairt gu bheil an cànan aca aig an tipping point agus a' dol à bith, agus iad am beachd gu bheil an cànan-san nas treasa na tha e.

## **Dà-chànanachas Aon-taobhach** (Uni-directional Bilingualism)

'S e seo an t-seòrsa dà-chànanachais a gheibh thu sa choimhearsnachd nuair a bhruidhneas a h-uile duine an cànan mòr cumhachdach, mar a' Bheurla, ach nuair nach bruidhinn ach cuid an cànan beag lag, mar a' Ghàidhlig. 'S e suidheachadh lag cunnartach a th' ann an dà-chànanachas aon-taobhach dhan chànan bheag. Tha Dà-chànanachas Coitcheann (Universal Bilingualism) fada nas seasmhaiche, far a bheil dùil ann gum bi an dà chànan aig a h-uile duine sa choimhearsnachd, gum faigh a h-uile pàiste foghlam anns a' chànan bheag, agus far a bheil taic ann do dh'inbhich gus an urrainn dhaibh an cànan beag ionnsachadh mur h-eil e aca mar thà. Seo mar a tha cùisean ann an coimhearsnachdan Cuimris anns a' Chuimrigh agus ann an coimhearsnachdan Gaeilge ann an Èireann, mar eisimpleir.



